## *Siubhal Chluaintean*

Tha iomadh suaimhneas am measg nan cluan seo
Nuair théid thu cuairt feadh nan uain'-chnoc bòidheach:
Gach lus cho ùrail fo dhriùchd an t-samhraidh
'S gun chuimhn' air geamhradh no àm na reòdht-ghaoith'.

Gach nì cho àghmhor le sìth is sàmhchair
Measg ghlinn is àilean is shrathan còmhnard;
Am fraoch 'na loinn ann an soills' na gréine
Cur sunnd 'nad cheum siubhal sléibh nan ceò-bheann.

Bidh crònan caochain le ealaidh caoinis
Mar thàladh gaoil bilean caomh na h-òlachd
A' stiùireadh d' inntinn gu tìr na réite
'S a' cur 'nad dhéidh tuailis eud an-dòchais.

Tha fóghnadh rìomhaidh am measg nam frìth seo
Le roghainn dhìthean tha cinntinn òrail;
Tha 'n cluaran-deilgneach 'na shuaithneas prìseil
'S an t-sòbhrag ghrinn taobh an uillt cho glòrmhor.

Ged nach eil àros no daoine tàmh ann
Bha uair bha càirdeas is bàidh sna ceò-ghlinn,
Bhiodh fuaim a' chàrd' anns a h-uile fàrdaich
'S bhiodh saothair bhrà bleith nan grànlach eòrna.

Bhiodh càradh lìon ann le eòlas iasgair
'S bhiodh cuidheall-shnìomha gu dian ri crònan;
Bhiodh buillean làidir gan toirt air spàl ann
'S bhiodh mnathan làmhchair a' luadh nan clòithean.
Biodh aoibh is bàidh air an aodainn chàirdeil
Measg sìochaint sàmhchair am bràigh nam mòinteach,
'S ged dhìobair foghlam dhiubh tiodhlaic chungaidh
Bu deàrrsant' cliùmhor bha iùil an eòlais.

Bha 'm beatha làitheil a' triall neo-eudach
Bho mhochthrath éirigh gu réis na glòmainn;
Cha robh beairteas no stòr 'nan ùidh-san —
Ach dhùin an sùilean an dùil ri sòlas.

From the 2000 book Smuaintean fo Eiseabhal: THOUGHTS UNDER EISEAVAL.
Edited and translated by Ronald Black.
Birlin Books Limited, Edinburgh. £7.99 ISBN 1 84158 108 9

’N àm éirigh gréine thar slios nan cruadhlach
Cur gathan snuadhmhor mun cuairt na mòintich
Cur sgàil na h-oidhche ’na dheann air chùlaibh
’S a’ toirt madainn ùr dhuinn le sùgradh dòchais.

Ged duaichnidh eugnaidh a dhreach san fhaoilteach
Bheir samhradh caochladh le chaomh-chruth òrail
Bidh eòin na h-àirde cur mìle fàilt’ air
Le roinn is dàin ann am blàths na ceòlraidh.

From the 2000 book Smuaintean fo Eiseabhal: THOUGHTS UNDER EISEAVAL.
Edited and translated by Ronald Black.
Birlin Books Limited, Edinburgh. £7.99 ISBN 1 84158 108 9